

LEARNING ACTIVITIES & SUCCESS CRITERIA

'S urrainn dhomh innse cò ris a tha na tursachan coltach.

- Theirig a dh'fhaicinn nan tursachan.
- Coimhead air dealbhan agus mapaichean.
- Coimhead air dealbhan bhon adhar.
- Faigh a-mach fiosrachadh mu dheidhinn meud is àireamh nan clachan.
- Dèan do phlana fhèin a' sealltainn cumadh nan tursachan.
- Saoil am faigh thu air tursachan sam bith a tha a dhìth a chur na do phlana?

'S aithne dhomh cuin a chaidh na tursachan a thogail agus ciamar a chaidh an lorg.

- Faigh a-mach dè bhios arc-eòlaiche a' dèanamh.
- Faighnich dha do thidsear dè tha 'RC' a' ciallachadh ann an deitichean, agus ciamar a dh'obraicheas tu a-mach aois rud a chaidh a thogail ro àm Chrìosda.
- Leugh fiosrachadh mu na tursachan agus soillsich le peann buidhe firinnean mu dheidhinn cuin a chaidh an togail.
- Cuir dath eile air fiosrachadh mu dheidhinn mar a chaidh iad a-mach à sealladh, agus mar a chaidh an 'lorg' a-rithist.
- Dèan bileag fiosrachaidh le plana nan tursachan, dealbhan, agus fiosrachadh air an aois, meudachd, msaa.

Bheir mi seachad mo bheachd fhìn air carson a tha na tursachan ann.

- Èist ri sgeulachdan mu na tursachan air Tobar an Dualchais.
- Rannsaich am fiosrachadh mu adhbhar nan tursachan aig Ionad Chalanais.
- Sgrìobh aithisg le do bheachdan fhèin air dè bhiodh daoine a' dèanamh aig na tursachan bho chionn fhada.

QUESTIONS TO CHECK HIGHER ORDER THINKING SKILLS

Cò ris a tha na tursachan coltach?

Cia mheud clach a th' ann?

Dè cho àrd 's a tha a' chlach as motha?

An dùil cia mheud clach a tha a dhìth, agus càit am bu chòir dhaibh a bhith?

Cuin a chaidh an togail?

Carson a chaidh iad a-mach à sealladh?

Cò tha thu a' smaoinichadh a thog na tursachan?

Carson a thog iad na tursachan?

Saoil dè bhiodh iad a' dèanamh aig na tursachan bho chionn fhada?

EXPERIENCES & OUTCOMES

I can use primary and secondary sources selectively to research events in the past.

SOC 2-01a

I can interpret historical evidence from a range of periods to help to build a picture of Scotland's heritage and my sense of chronology.

SOC 2-02a

Having explored my local area, I can present information on different places to live, work and relax and interesting places to visit.

SOC 2-10a



LINKS/RESOURCES

https://www.google.co.uk/intl/en_uk/earth/

<http://portal.historic-scotland.gov.uk/designation/SM90054>

<http://callanishvisitorcentre.co.uk/index.php/features/history-of-calanaish-stones>

'Calanais - the Standing Stones', Historic Scotland

<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/results>

<http://www.bbc.co.uk/history/handsonhistory/archaeology.shtml>

